

8 CONSAIN ANN AN LIDEAN GUN BHEUM¹¹⁹⁸

8.1 Liosta-iomlan agus fogharachd¹¹⁹⁹

8.1.1 Tha liosta-iomlan nan consain a gheibhear ann an lidean gun bheum gu math lùghdaichte (faic §6.1.13.1). Chan fhaighear na consain a leanas : consain dhùinte ghuthach ; sònaraich anailichte ; an suathach guthach anailichte /ɣ^h/ ; an taobhach ailbhealach neodrail /l/ ; na leth-fhuaimreagan. A bharrachd air an seo chan fhaighear an suathach guthach /y/ gu h-iar-fhuaimreagach ann an lidean gun bheum (oir 's e /k/ a gheibhear an Gl. bho sheann **d** shèimhichte san t-suidheachadh seo ; faic 8.2.10.3) ; gheibhear e a-mhàin aig toiseach fhaclan neo-leicseachail (i.e. gun bheum, faic § 6.1.1). Saoilidh mi cuideachd nach fhaighear an suathach neo-ghuthach /f/ gu h-iar-fhuaimreagach ann an lidean gun bheum ; coltach ri /y/ gheibhear e aig toiseach fhaclan neo-leicseachail, ach a bharrachd cluinnear e aig toiseach lide a tha gun bheum ron lide le beum ann am faclan le beum¹²⁰⁰, m.e. /fi'l'etik / *fileadaig* gr. àithn. ('FILLET') (faic § 6.1.2). Gheibhear na consain dhùinte dheudach anailichte anns an còmhlan /Nt^h/, /N't^h/, /Lt^h/ agus /L't^h/, ach seach sin tha iad mì-chumanta ann an lidean gun bheum, agus gu tric (ach chan ann an-còmhnaidh) gheibhear iad ann an lidean air am bitheadh, is dòcha, dàrnacha beum bho chionn ghoirid. San aon seòrsa dòigh chan fhaighear /h/ ach a' leantainn fuaimreig air am bitheadh beum bho chionn ghoirid. Gheibhear /t^h/ aig toiseach lide a tha gun bheum ron lide le beum san fhacal /t^hɣ^hˈbɑk^hɣ/ *tombaca* ainr.

Tha liosta-iomlan nan còmhlan chonsain air a lùghdachadh gu mòr : faic § 6.1.3.2 airson nan còmhlan a gheibhear gu h-iar-fhuaimreagach ann an lidean gun bheum ; a bharrachd air an seo cluinnear /t^hr/ aig toiseach an fhacail neo-leicseachail /t^hrɔ/ *tro* roi. Agus bidh e coltach gum faighear aon fhòineim ann an lide gun bheum nach fhaighear san t-suidheachadh le beum, oir san fhacal /fɑːrɔdi[n̩] , / *fàrdain* ainr. (cuideachd /fɑːrɔdi[n̩]/ (/fɑːrɔdin/) *fàrdain*) 'A FARTHING', BA **arding**, feumar am foghar [n̩ ,] aig deireadh facail a mheas mar rèalachadh air fòineim /ŋ/ :

¹¹⁹⁸ unstressed consonants

¹¹⁹⁹ inventory and phonetics

¹²⁰⁰ at the beginning of an unstressed syllable preceding the stressed syllable in words with stress

/fɑ:Rdiŋ/ (cuimhnichear gu bheil am foghar [ŋ ,] an-còmhnaidh air a leantainn le consan dùinte vèilearach palataichte ann an lidean le beum, agus mar sin is urrainnear a mheas mar alafon de dh'fhòineim /N'/ : faic § 5.9.4.1).

Gheibhear /n:/ fada, gu fogharach [n̄], [n:], gu cumanta ann an lidean gun bheum. Cluinnear seo aig deireadh facail san riochd iolra de chuid de dh'fhaclan ; san t-suidheachadh seo tha /n:/ ann an saor-chaochlaideachd ri /nʁn/ (no uaireannan /nin/). Airson eisimpleirean faic § 8.4.3.11. Gheibhear beachdachadh air an fheinimean seo ann an dualchainnt Bheàrnaraigh Leòdhais ann am MacAulay 1988.

8.1.2 Gu fogharach tha na consain ann an lidean gun bheum glè choltach ris mar a tha iad san t-suidheachadh le beum. A thaobh nan consan dùinte neo-anailichte tha mi an beachd gur e na h-alafonan as treasa a chluinnear sa chumantas, 's iad sin [p, t, tʲ, t, kʲ, k] (faic 5.1.1) ; tha seo ag aontachadh ris na fhuair Oftedal (1956 : 158-9) an Liùrbost. 'S ann ris an seo a bhite an dùil, seach gur ann aig toiseach facail agus an dèidh fhuaimreagan fhada a gheibhear na h-alafonan laga [b̥, d̥, d̥ʲ, d̥, ɡ̊ʲ, ɡ̊] ann an lidean le beum, suidhichidhean nach fhaighear sa chumantas ann an lidean gun bheum ; agus san fhacal-iasaid /pʁ¹dʰɑ:tʰ(ʁ)/ *buntàt(a)* ainr., far am faighear am fòineim /p/ ann an lide gun bheum gu h-eisgeachdail aig toiseach facail, 's e an t-alafon [b̥] a chluinnear.

Tha na consain ghuthach ann an lidean gun bheum a' faighinn dì-ghuthachadh aig deireadh facail ro *pausa* agus aig deireadh gnìomh-labhairt¹²⁰¹ san aon dòigh agus a chluinnear leis na consain ann an suidheachadh le beum ; faic § 9.1 gearr-chunntais air an seo.

8.1.3 Mar a fhuair Oftedal (1956 : 161) an Liùrbost, mar sin an Gl. tha cuid de na riochdan bunasach le deireadh facail palataichte a' co-fhreagairt ri seann riochdan tabhartach, ginideach

¹²⁰¹ word-finally before *pausa* and utterance finally

agus cuspaireach. Gheibhear seo gu sònraichte ann an ainmearan, ach tha eisimpleir againn le buadhair ann am /fǫLǫN´/ *fallain*, MG **follán**, **fallán** (DIL s.v.).

8.1.4 A thaobh nan còmhlan le /R/, cluinnear an dà chuid /Rt/ agus /Rst/. Cha d’fhuaras ach àireamh bheag de dh’eisimpleirean de /Rst/, agus bha iad sin ann am faclan air am bitheadh dàrnacha beum, is dòcha, bho chionn ghoirid. Tha aon eisgeachd ann don seo, an t-ainmear gnìomhaireach /ǫkrst/ *agairt agr.*, ach cluinnear e cuideachd sna riochdan caochlach /ǫkr/ *agairt*, /ǫkr/ *agar* agus /ǫkrk/ *agradh*, agus mar sin dh’fhaodadh e a bhith gur e fuaimneachadh leughaidh a tha ann an /ǫkrst/.

Cinneachadh eachdraidheil nam fòineimean consanach air leth

Anns na leanas gheibhear eachdraidh nam fòineimean consanach ann an suidheachadh gun bheum.

8.2 Consain dùinte

8.2.1 Fòineim /p/ ann an lide gun bheum

8.2.1.1 A’ co-fhreagairt ri SG, MG **b** :

(i) aig toiseach facail : san tràth chaithte den chopail /pʁ/ *bu*, *cf.* SG *preit*. agus neo-fhoirfe **ba** (Th. § 810)

(ii) gu h-iar-fhuaimreagach : /asip/ *asaibh* riochd. roi. 2 iol. ; cuideachd /fɔ.ʁp/ *fodhaibh* riochd. roi. 2 iol. ; /rʃ.ʁp/ *romhaibh* riochd. roi. 2 iol., *cf.* SG **reuib**, MG **romaib** ; /tʰrʃ.ʁp/ *tromhaibh* riochd. roi. 2 iol., *cf.* SG **triib**.

8.2.1.2 A’ co-fhreagairt ri SL **b** :

/pǎNapi/ *ban-nàbaidh* ainr., *cf.* SL **nábúi**.

8.2.1.3 A' co-fhreagairt ri B, BA /b/ :

/Rʁ:ɪnʁp/ *raonabo, radhnabo* ainr. ('A RAINBOW') B **rainbow**.

8.2.1.4 A' co-fhreagairt ri B, BA /p^h/ :

/pʁ^hd^hɑ:t^h(ʁ)/ *buntàt(a)* ainr., B **potato**, BA **pitawtie** (faic CSD s.v.) ; /s'ir'ʁp/ *sireab* ainr.,
bt. 'siorap' B **syrup**.

8.2.2 /p^h/ gun bheum

8.2.2.1 A' co-fhreagairt ri seann p :

/^hɑx'ɛp^hɔx/ *aithcheapach* ainr. (M.) ('talamh a chaidh a threabhadh agus anns an robh bàrr a' bhliadhna roimhe', 'RED GROUND'), cf. SG **aith-**, **ath-** (Th. § 824) agus NGE 'ceapach' ('a plot of land : Dinneen s.v.), cf. SG **cepp** 'tree-stump, log, block' etc. (DIL s.v.).

8.2.3 /t/ gun bheum

8.2.3.1 A' co-fhreagairt ri SG t neo-phalataichte :

(i) aig toiseach facail : /tʁ/, /tɔ/ *do* ro-sheilbheach, SG **do** (Th. § 435) ; san riochdair chlaonach /tu/ *tu*, SG **tú** (gheibhear /t/ cuideachd san riochd le beum /tu:/ *tù* agus san riochd neartmhor /tus(ʁ)/ *tus(a)*)

(ii) gu h-iar-fhuaimreagach : /tʁɑjʁʁt/ (M.) *abhrad* ainr. ('EYELASH'), SG ain. sg. **abra**, cuideachd **abrat** (seo le comharra ceist ann an DIL s.v. 'abra'), ain. iol. **abrait**, gin. iol. **abrat** (DIL s.v. 'abra') ; /k^hʃ.ɑt/ *comhad* agr., bt. 'coimhead' SG **comét** (DIL s.v. 'coimét') ; /t'ir'jʁʁt/ *diothad* ainr. ('DINNER') MG **díthat** 'repast' (DIL s.v.) ; /f[ɑrɑ]mʁt/ *farmad* ainr., SG **format** (DIL s.v.) ; /fix'it/ *fichead* ainr. & br., SG gin. **fichet** (DIL s.v. 'fiche') ; /L'ɛ.ɑt/ *leathad* ainr. ('SLOPE' ann an ainmean-àite) cf. SG **lethet** 'breadth, width, ... expanse, stretch (?)' (DIL s.v. 'leithet') ; /L'ɛx'ʁt/ *leth-cheud* ainr. & br., cf. SG **leth**

(DIL s.v.) agus **cét** (DIL s.v. ‘1 cét’); /Ra.at/ *rathad* ainr., SG **rout**, **root** dà-lideach (DIL s.vv. ‘1 rôt’, ‘1 rout’); /sa.it/ *saighead* ainr., SG **saiget** (DIL s.v.); /spir’xt/ *spiorad* ainr., SG **spirit** (DIL s.v.); /URxt/ *urrad* riochd. (‘AS MUCH, SO MUCH’) (homanaimeach an Gl. ri /URxt/ *urrad* cgr. ‘UP (HIGH), UP TOP’) MG **airet**, cuideachd **eret**, **oiriut** (DIL s.v. ‘airet’). Ann an cuid de riochdairean roimhearach : /fɔ.xt/ *fodhad* riochd. roi. 2 sg., MG **fout** (ach aon-lideach, Th. § 437); /rʃ.ɔt/ *romhad* 2 sg. cf. SG **remut**, MG cuideachd **riut**, **rōt**; /tʰrʃ.ɔt/ *tromhad* riochd. roi. 2 sg., SG **triut**, **treot**, MG le **-m-** in-leasaichte¹²⁰² **tremut** (DIL s.v. ‘tre’).

8.2.3.2 A’ co-fhreagairt ri SG **t** palataichte :

aig toiseach facail ann an /tʰ/ *de* roi., SG **di** (Th. § 435).

8.2.3.3 A’ co-fhreagairt ri SG, MG **d** neo-phalataichte :

/kL[ur]ʃxt/ *gluasad* agr., NGT **gluassadh** (DIL s.v. ‘glúasid’).

8.2.3.4 A’ co-fhreagairt ri SG, MG **cht** (ann an **-sacht(-)** : faic O’Rahilly 1932 : 210) :

/kʰasxtix’/ *casadaich* agr. (‘COUGHING’) NGT **cosachtach** (DIL s.v.), faic cuideachd Ó Baoill 1978 : 36 §5.3.; /kʰesxt/ (fuaim. caoch.) *ceasad* agr. (‘FORBIDDING, WITHHOLDING’) cf. dh’fhaodadh SG **cessacht** ‘grudging, niggardliness’ (DIL s.v. ‘cesacht’); /iʃxt/ *iasad* ainr., SG **iasacht** (DIL s.v.).

8.2.3.5 A’ co-fhreagairt ri MG **rd** :

/kʰʒ:Rxt/ *còmhrad* br., bt. ‘còmhnard’, is dòcha tro eadar-chàradh¹²⁰³ bho MG **comard** (DIL s.v.); /URxt/ *urrad* cgr. (‘UP (HIGH), UP TOP’), dh’fhaodadh tro dhi-choslachadh bho MG **forárd** ‘very high’.

¹²⁰² infix

¹²⁰³ metathesis

8.2.3.6 A' co-fhreagairt ri SL **d** :

ann an àireimh de dh'ainmean-àite, a' co-fhreagairt ri SL **d** san ainr. chuspaireach **-dal** ; eisimpleirean : /ɛ:RʏtʏL/ *Eàrradal* (ainm baile 'ERRADALE') a rèir W.J. Watson (1904 : 221) bho SL **eyrar-dalr** leis a' chèill 'gravel-beach dale' ; /mũŋgastʏL/ *Mungasdal* (ainm àite-thuineachaidh 'MUNGASDALE'), a rèir W.J. Watson 1904 : 245 bho SL 'Múnks-dalr', leis cèill 'Monk's dale' ; /s'ʌ'ɛ:tʰʏtʏL/ *Slèiteadal* (ainm-àite) SL **slétt-r-dalr** le cèill 'even-dale' (W.J. Watson 1904 : 231) ; /tʰɛLɑjʰʏtʏL/ *Tealldhadal* (ainm àite-thuineachaidh¹²⁰⁴ 'TALLADALE') a rèir W.J. Watson (1904 : 231) bho SL **hjalli-dalr** le cèill 'ledge-dale'.

8.2.3.7 A' co-fhreagairt ri SL **nd** :

/tʰɔrɔjʰmʏt/ *Tormod* ainr. dil., SL cusp. **Pormund**.

8.2.3.8 A' co-fhreagairt ri B, BA /tʰ/ :

/tʰiN'g'ʏt/ *daingead* clr. (droch ghuidhe) BA **dang it** (caomh-ràdh¹²⁰⁵ = BBT 'damn it') ; /tʰi.ɑt/ *daoithead* ainr. ('na dh'fhoghnas do dh'aon tràth') BA **diet** ('a meal, repast' CSD s.v.) ; /sʏmat/ *soimead* ainr. ('UNDERSHIRT' do dh'fhireannach) BA **semmit**.

8.2.3.9 Freumh-eòlas neo-shoilleir :

/kɔrɔjʰkʏt/ *gorrgad* ainr. (guth fiadhaich, 'ANGRY no ROUGH CRY') ; dh'fhaodadh tro dhì-choslachadh air na srònaich ann an /ʌ'ʃu.jnat/ *leamhad* ainr. ('A STYE' mun t-sùil), cf. NGE 'sleamhnán (Dinneen s.v.) ; /ʏ'ʌ.u.ɑt/ *liuthad* ainr., cf. SG coim. **lia**, **liu** (DIL s.v. 'il' ; Th. § 372) ; /mũLɑt/ *mulad* ainr. ; /s'ɛxʏt/ *seachad* cgr., cf. SG **seach** (DIL s.v. '1 sech') ; /tʰro.ɑt/ *trobhad* gr. easbh. ('COME!').

¹²⁰⁴ settlement name

¹²⁰⁵ euphemism

8.2.4 /t^h/ gun bheum

8.2.4.1 A' co-fhreagairt ri SG **tf** neo-phalataichte :

/m̃i:xʰt^hi/ *mì-chiataidh* br., bt. 'mì-chiatach', cf. NGE 'céadfadhach (Dinneen s.v.), MG **cétfadach** (DIL s.v.).

8.2.4.2 A' co-fhreagairt ri B, BA /t^h/ :

aig toiseach facail ann an /t^hx^lbak^h(x)/ *tombac(a)* ainr., cuideachd /t^hx^lbak^hx/ *tombaca* ainr. (fuaimneachaidhean caoch.) B **tobacco**.

8.2.5 /t'/ gun bheum

8.2.5.1 A' co-fhreagairt ri SG **t, d** neo-shèimhichte, palataichte :

(i) aig toiseach facail : /t'ε/ *de roi.*, SG **di** (Th. § 435); ann an ainmean làithean na seachdaine, m.e. /t'x^lL_lu_lx_lN'/ *Diluain* ainr. dil., MG **día lúain** (DIL s.v. '1 lúan');

(ii) gu h-iar-fhuaimreagach : /_lar_lk'it'/ *airgid* gin. de /_lar_lk'xt/ *airgead* ainr., SG gin. sg. **argait** (DIL s.v. 'argat'); /p̃nit'/ *binid* ainr., SG **binit** (DIL s.v.); /k^harit'/ *caraid* ainr., SG cusp. tabh. sg. **car(a)it** (Th. § 324); /t'_li_lx_l/ *diollaid* ainr., SG **dílla(i)t** 'saddle, horsecloth' (DIL s.v. 'díllat'), ach cf. cuideachd NGT 'díallait' 'saddle' (DIL s.v.); /k_lxrit'/ *goirid* br., MG **gairit** (ach SG **garait**) (DIL s.v. 'garit'); /_li_lx_lmat'/ *iolmaid* ainr. (le eadar-chàradh) ('CHANGE' de dh'airgead) bt. 'iomlaid' cf. NGE 'iomlaoid' (Dinneen s.v.), MG **imláiit** (DIL s.v.); /iskit'/ *iosgaid* ainr. ('HOUGH') MG **iscait**, SG **esc(a)it** (DIL s.v. 'esc(a)it'); /x 'l'ehit'/ *a leithid* SG **lethit** 'the like, equal, equivalent' (DIL s.v. 'leithéit'); /L̃nit'/ *lonaid* ainr., bt. 'loinid' ('A CHURN-STAFF') MG **loinid** (DIL s.v.); /L̃sít'/ *losaid* ainr. ('amar taoisnidh'¹²⁰⁶, agus eileamaid ann an ainmean-àite a bhuineas do raon torach) SG cusp. tabh. sg. **losait** 'kneading-trough' (DIL s.v. 'losat'); /Ñi:ut'/ *nàmhaid* ainr., SG

¹²⁰⁶ kneading trough

tabh. **námait** (DIL s.v. ‘nama(e)’); /N’ĩskat’/ *niosgaid* ainr., bt. ‘neasgaid’, SG **nescóit** (DIL s.v.), ach faic C. Ó Baoill 1991 : 10-11 ; /Rɔ.it’/ *rothaid*, gin. de /Ra.at/ *rathad* ainr., MG gin. sg. **roit** (dà-lideach) (DIL s.v. ‘rout’); /sa:pɔt’/ *Sàbaid* ainr. dil., SG **sabbait**, MG **sabbóit**, **sapóit** (DIL s.v. ‘sabbait’), ach an fhuaimreag fhada le beum dh’fhaodadh fo bhuidh BA **Sawbath** *vel sim.* Cuideachd /etʰrɛt’/ *eadaraid* riochd. roi. 3 iol., bt. ‘eatarra’ SG **etarru**, **etarro** (Th. § 433), ach leis an deireadh fhacail fo bhuidh /at’/ *iad cf.* SG 3s pearsa iol. deireadh-facail gnìomhaireach¹²⁰⁷ **-(a)it**.

8.2.5.2 A’ co-fhreagairt ri SG **t** neo-phalataichte :

/trɔhɔt’/ *droicheid* ainr., bt. ‘drochaid’, NGT **droichead**, **drochad** (DIL s.v. ‘drochet’); /f’ẽnat’/ *fanaid* agr., MG **fonámat**, cuideachd **fanámat** (DIL s.v. ‘fonámat’); /jũ:Lat’/ *ionnlaid* ainr., SG **indlat** (DIL s.v.).

8.2.5.3 A’ co-fhreagairt ri MG **cht** :

/tʰau]kʰat’/ *abhcaid* ainr. (‘BANTER, FUN’), dh’fhaodadh tro eadar-chàradh bho MG ‘adbacht’ ‘pleasantry, humour’ (DIL s.v. ‘ábacht’).

8.2.5.4 A’ co-fhreagairt ri seann **nt** palataichte :

/tʰara]kʰmat’/ *argamaid* ainr., SG **argum(e)int** (DIL s.v. ‘argam(a)int’, Th. § 925).

8.2.5.5 A’ co-fhreagairt ri SL **ld** :

/Rʸ:nit’/ *Raghnaid* ainr. dil. (bt. ‘Raonaid’) (ainm pearsanta boireannaich, ‘RACHEL’) SL cusp. **Ragnhildi**.

8.2.5.6 A’ co-fhreagairt ri B, BA /tʰ/ :

/as’at’/ *aiseid* ainr., BA **ashet** ; /pʰĩi]N’g’at’/ *baingeid* ainr., BA **banket**, **bancat** (=BBT ‘banquet’); /paskat’/ *basgaid* ainr., B **basket** ; /pʰLĩi]N’g’at’/ *plaigneid* ainr. (‘A

¹²⁰⁷ 3rd person pl. verbal ending

BLANKET’) B **blanket**; /ponat’/ *bonaid* ainr., BA **bonnet**; /puk^hat’/ *bucaid* ainr., B **bucket**; /k^hlɔ:sat’/ *clòsaid* ainr., B **closet**; /kus’at’/ *guiseid* ainr., BA **gushet** (= BBT ‘gusset’); /mark^hat’/ fuaim. caoch. *marcaid* ainr., B **market**; /mĩnat’/ *mionaid* ainr., B **minute**; /p^hak^hat’/ *pacaid* ainr., B **packet**; /p^hɔ:k^hat’/ *pòcaid* ainr. cf. B **pocket**; /Rɔ:sat’/ *ròsaid*, cuideachd /Rɔ:s’at’/ *ròiseid* ainr., BA **roset** (BBT ‘resin’); /s’j̥ð:nat’/ *Seònaid* ainr. dil., BA **Jonnet**; /sk’el’at’/ *sgeileid* ainr., BA **skellet** = BBT ‘skillet’; /t^harɑ₁kat’/ *targaid* ainr., B **target**; /t^hʁpat’/ *toibeid* ainr. (‘A SHOULDER CAPE’) B **tippet**; /t^hik^hat’/ *tiocaid* ainr., B **ticket**; /t^hrj̥ũ:mpat’/ *triumbaid* ainr., bt. ‘trombaid’ B **trumpet**. Fo bhuidh BA /t^h/ no /d/ ann an /L₁ũ₁sat’/ *lannsaid* ainr., bt. ‘langasaid’ (‘A WOODEN COUCH’) BA **lang settle**, **lang sadill**.

8.2.5.7 A’ co-fhreagairt ri B, BA /nt^h/ :

/j̥ũ:stɾmat’/ *ionnsramaid* ainr., B **instrument**; /mð:mat’/ *mòmaid* ainr. (‘diog’, ‘A MOMENT, SECOND’), cf BA **moment hand** ‘the second hand of a timepiece’ (CSD).

8.2.5.8 Freumh-eòlas an /t’/ neo-shoilleir :

aig toiseach facail gun bheum ann an /t’i ‘pet^h/ *di-beatht(e)* br., bt. ‘di-bheatha’ (‘WELCOME’) cf. SG **bethu** (DIL s.v. ‘betha’); /j̥ɛnɛ₁hʁt’ʁ/ *ainmhide* ainr. (‘A HEIFER’); /pũŋgat’/ *bungaid* ainr. (‘tè olc’, neach no beathach), cf. dh’fhaodadh BA ‘bungy’ leis a chèill ‘huffish’ pettish’, agus ‘bung(s)’ ‘a temper’, ‘the sulks’ (SND s.v. ‘bung’); /k^hl’i:fat’/ *clifeid* ainr. (‘SLEETY SNOW’); /t’u:rit’ʁ/ *diùraide* ainr. (*Lepas anatifera* ‘GOOSE BARNACLE’), bt. ‘giodhran’, ‘giùran’, MG ‘gigrann’, ‘giugrann’, nas fhadalaiche ‘gighra’, leis a’ chèill ‘a wild goose, a barnacle goose’ (i.e. an gèadh *Branta leucopsis*) (DIL s.v. ‘gigrann’); /ku:s’it’/ *gaoisid* ainr. (‘HORSEHAIR’) am beachd MacBain cf. SG **goiste** (‘noose ... snare’: DIL s.v.); /k’irsat’/ *giorsaid* ainr. (‘A LASSIE’) cf. NGE ‘giorsach’ (Dinneen s.v. ‘geirrseach’); /L’epit’/ *leibid* ainr. (‘MISFORTUNE’); /N’j̥ũ₁nat’/ *neamhnaid* ainr., cf MG ‘némann’, ‘níamann’ (DIL s.v. ‘némann’); /j̥ðnɔ₁γrat’/ *ongharaid* ainr.,

cuideachd /t͡ʃnɔjɾatʰ/ *onghraid* ainr. ('A DISTURBANCE'), cuideachd /t͡ʃnɔjɾatʰ/ *onfharaid* ainr. ('droch aimsir') cf. SG **anfud** (DIL s.v.); /smũkitʰ/ *smugaid* ainr. ('SPIT, SPITTLE'); /spl̪t͡ʃiN'gʰatʰ/ *splaingeid* ainr. ('A GOB OF PHLEGM'), cf. GA 'splangaid' (Dw. s.v.), NGE 'spleangaid', (Dinneen s.v.); /u:pʰɾatʰ/ *ùparaid* ainr., bt. 'ùpraid'.

8.2.6 /tʰ/ gun bheum

8.2.6.1 A' co-fhreagairt ri MG d :

/t͡ʃiɾ'etʰ/ *aimhreit* ainr., MG **amréid** (DIL s.v. 'aimréid').

8.2.6.2 A' co-fhreagairt ri MG ft, pht :

/ɾ'N'e:fatʰ/ *an Èipheit* ainr. dil., MG **Éigefft**, **Éigepht**, Carsuel 'na Hegbhite' gin. (DIL s.v. 'Égept').

8.2.6.3 /tʰ/ bhon mhoirfeim a bhuineas don rann-gabhail chaithte :

/kʰt͡ʃujsitʰɾ/ *ceannsaichte* rgc. ('WELL-BEHAVED') cf. MG **cennaigthe** rgc. (DIL s.v. 'cennaigid'); /sʃ:Ritʰ(ɾ)/ *sònraicht(e)* cf. SG **sainredach**, nas fhadalaiche **sun(n)radach**, **sonn-** (DIL s.v. 'sainredach'); /tʰt͡ʃiɾnitʰ(ɾ)/ *tuanaigt(e)* rgc. de /tʰt͡ʃiɾnikʰ/ *tuanaig* gr. àithn. ('LOOSEN'); agus mòran rgc. eile.

8.2.7 /t/ gun bheum

8.2.7.1 A' co-fhreagairt ri SG rt neo-phalataichte :

/RO.ut/ *robhairt* ainr. (bt. 'reothairt') SG **robarta**, **rabarta** (DIL s.v. 'robarta').

8.2.8 /k'/ gun bheum

8.2.8.1 A' co-fhreagairt ri SG c(c) palataichte :

/pL̥ɔ̃nik'/ *blonaig* ainr. ('mèathlachd') MG tabh. **blonaic** (DIL s.v. 'blonac'); /m̥ɲnik'/ *minig* cgr., SG **menic** (DIL s.v. 'meinic(c)'); /N̥ʂL̥ik'/ *Nollaig* ainr. dil., SG **notlaic** (DIL s.v.); /ɽiɲr̥'ik'/ *Oighrig* ainr. dil. (ainm boireannaich 'PHEMIE') SG **Affraic** (MacBain td. 412 s.v. 'Oighrig'); /r̥ɛ:nik'/ *rànaig* gr. preit., bt. 'ràinig' SG preit. 3 sg. pròtatonach **·rán(a)ic** (DIL s.v. 'ro-icc'; Strachan 1949 : 98); /h̥ɛ:nik'/ *thànaig* gr. preit., bt. 'thàinig' SG preit. 3 sg. pròtatonach **tán(a)ic** (DIL s.v. 'do-icc'); /t̥^her'ik'/ *teirig* gr. àithn. ('BE NO LONGER IN SUPPLY ; BE SPENT ; DIE'), tha MacBain s.v. agus O'Rahilly 1931b : 115 ga bhunachadh ann an SG 'do-airicc' (DIL s.v., far am faighear riochd NGT taisb. làth 3 sg. 'tairic'). Tro eadar-chàradh ann an /ka:l'ik'/ *Gàidhlig* ainr. dil., MG **Goidele** (DIL s.v.).

8.2.8.2 A' co-fhreagairt ri SG c neo-phalataichte :

san roimhear ro-chlaonach /ek'/ *aig*, SG **oc** ; /far^hik'ɽk'/ *faithrigeadh* agr. ('BATHING') cf. SG **fothraicid** gr., **fothrucud** agr. (DIL s.v.).

8.2.8.3 A' co-fhreagairt ri SG ng :

/as' L'ik'/ *aisling* ainr., SG **aislinge** ; /ful'ik'/ *fuiling* gr. àithn., SG taisb. làth. 3 sg. **-fulaing**, MG àithn. 2 sg. **fulaing**, cuideachd **fuiling** (DIL s.v. 'fo-loing').

8.2.8.4 A' co-fhreagairt ri SG rc :

/x̥ɲnik'/ *chunnaic* (3s pearsa sg. is iol. preit.) SG foirfe aontach 3 sg. **ad-condairc**, MG preit. 3 sg. **diconnaire**, **atchonnaic**, (DIL s.v. 'ad-cí').

8.2.8.5 A' co-fhreagairt ri MG d :

/k^hɲ̥ɔ̃ɲ.ik'/ (RMC) *confhaig* ainr., bt. 'confhadh' ('ANGER') MG **confa(i)d** (DIL s.v.).

8.2.8.6 Bhon mhorf ghniomhaireach /ik'/ :

/pɒtrɪk'/ *bodraig* gr. àithn. ('BOTHER' gr.) B **bother** ; /tɹesɪk'/ *dreasaig* gr. àithn., B **dressing** ; /tuspɪk'ɾk'/ *dusbaigeadh* agr. ('QUARRELING') ; /p^hɛnik'/ *peanaig* ainr., (clach bheag air a geinneadh sna beàrnan eadar na clachan mòra ann am balla clachaireachd airson an ceangal) BA **pen, pin**, leis an aon chèill (ach is dòcha gur ann bho gheireann¹²⁰⁸ ***penning**, ***pinning** a thànaig an G.) ; /ɹo.uk'/ *robhaig* gr. àithn. ('WIND', m.e. gleoc, uaireadair) BA **row** ('wind up (a clock etc)' CSD s.v.) ; /set^hl'ɪk'/ *seitlig* gr. àithn. 'SETTLE', B **settle** ; /spɛ:rl'ɪk'/ *spèirlig* gr. àithn. ('sgàin', de dh'iasg), dh'fhaodadh stèidhichte le eadar-chàradh air BA **spelder** gr. 'slice open (esp[ecially] fish to dry)', cf. cuideachd **speld(r)in** ainr. (CSD s.v. 'speld').

8.2.8.7 A' co-fhreagairt ri SL **k** :

/t'ɪɾɟpɛk'/ fuaim. caoch. *Diobaig* ainr. dil. (ainm baile 'DIABAIG') a rèir Borgstrøm 1941 : 81 agus W.J. Watson 1904 : 212, 220 bho SL **djúp-vík** 'deep bay' ; /mɛlɾvɔk'/ *Mealabhaig* ainr. dil. (ainm baile 'MELVAIG') a rèir W.J. Watson (1904 ; 227-8) bho SL **melar-vík** ; /ɾɔɾɔɟmɾskɔk'/ *Ormasgaig* ainr. dil. (ainm baile 'ORMISCAIG') bho SL **ormas-kiki**, 'snake-strip' no 'Ormr's strip' a rèir W.J. Watson 1904 : 236.

8.2.8.8 A' co-fhreagairt ri SL **g** :

/u:trɾk'ɪl'/ *Ùdraigil* ainr. dil. (ainm baile 'UDRIGLE') SL **ytra-gil** 'a' chlais as fhaide a-muigh, as fhaisg air a' mhuir'.

8.2.8.9 A' co-fhreagairt ri B /k^h/ :

/ɑ:l'mɔnik'/ *àlmonaig* ainr., B **almanac** ; dh'fhaodadh /pɔ.uk'/ *bodhaig* ainr. ('BODY') a rèir MacBain s.v. bho BA **bouk** ; dh'fhaodadh /k^havɔk'/ *cabhaig* ainr., bho B (no MB) **havoc** (a rèir O'Rahilly 1926 : 28) ; /N'ɛp^hɪk'(ɾ)/ *neapaig(e)* ainr., cuideachd /N'ɛp^hɪk'ɪN'/

¹²⁰⁸ gerund

neapaginn ainr., ('HANDKERCHIEF') BA **naipkin** ; /s'ĩɑ,t^hik'/ *sèataig* ainr., bt. 'siatag' ('RHEUMATISM') B **sciatica**, faic Mackinnon 1886 : 169.

8.2.8.10 A' co-fhreagairt ri B /ŋ(g)/ :

/sk'ìL'ik'/ *sgillig* ainr. (riochd singilteach), SB **scilling**.

8.2.8.11 Freumh-eòlas neo-shoilleir :

/k^hutik'ʁ/ *cudaige* ainr. ('YOUNG COALFISH, CUDDIE', an ire as òige de *Pollachius virens*) dh'fhaodadh bho BA 'cuddin', 'cuddie' ; /k^huij^r'ik'/ *cuibhrig* ainr. ('A COVER, BEDCOVER') a rèir MacBain s.v. 'cubhraig' a' bunachadh ann am B **cover** ; /tu:s'L'ik'ʁn/ *dùisligean* ainr. iol. ('IMAGININGS, FANCIES'), cf. MacBain s.v. 'duisleannan', facal a tha e a' bunachadh ann an 'dùiseal' leis a' chèill 'slumber', am beachd MacBain s.v. tha 'dùiseal' fhèin 'from Norse *dúsa*, *doze*, Eng[lish] *doze*' ; /jɑ:rl'ik'/ *eàirilig* ainr. ('KEELSON'), bt. 'eàirlin(n)' ; /ɔfik'/ *oifig* ainr. ('OFFICE, OFFICIAL POSITION'), cf. B **office** ; /t^harik'/ *taraig* ainr., cuideachd /t^harʁk/ *tarag* ainr., ('A NAIL').

8.2.9 /k^h/ gun bheum

8.2.9.1 A' co-fhreagairt ri MG **d** :

/k^hĩnɔj.ik^h/ (CNC) *confhaic* ainr., bt. 'confhadh' ('ANGER') (ach RMC /k^hĩnɔj.ik'/ *confhaig*) cf. MG **confa(i)d** (DIL s.v.).

8.2.9.2 A' co-fhreagairt ri B /k^h/ :

/p^hir'vuk^h/ *pir-bhuic* ainr. ('A WIG') B **periwig**, **peruke**.

8.2.10 /k/ gun bheum

8.2.10.1 A' co-fhreagairt ri SG **c(c)** neo-phalataichte :

(i) aig toiseach facail : /kʲ/ *gu* roi., SG **co** (Th. § 433) ;

(ii) gu h-iar-fhuaimreagach : (a) bhon mhorf mheanbhanach /ak/ (< SG **-óc**), ann am faclan le bunachadh de chaochladh sheòrsachan : /pɛl'ak/ *Beileag* ainr. dil. (riochd meas-ainmneach¹²⁰⁹ de 'Iseabail'), cf. B 'Bella' ; /kʰal'ak/ *caileag* ainr., cf. MG **caile** 'serving girl, maid' (DIL s.v.) ; /kʰarak/ *cearrag* ainr. ('LEFT HAND') cf. SG **cerr** 'crooked, wry, maimed' (DIL s.v.) ; /kʰɔpʰak/ *copag* ainr. (*Rumex spp.* 'DOCKEN') MG **coppóc** (DIL s.v.) ; /kʰrʲɛu,mpak/ *crampag* ainr. ('A SCOTTISH PANCAKE') B **crumpet** ; /kʰlwiɲtʰak/ (t. deas) *cuidhteag* ainr. (*Merlangius merlangus* 'WHITING') B **whiting** ; /kʰul'ak/ *cuileag* ainr., cf. MG **cuil**, NGT **cuileóg** (DIL s.vv.) ; /tɔl'ak/ *doileag* ainr., B **doll**, **dolly** ; /er'ak/ *eireag* ainr. ('PULLET'), cf. MG **eirín** (le e ghoirid : O'Rahilly 1942b : 148-9) ; /fu:l'ak/ *faoileag* ainr., cf. SG **faíleann**, **foileann** (DIL s.v. 'faíleann') ; /fʲiãnak/ *feannag* ainr. ('HOODED OR ROYSTON CROW' *Corvus corone cornix*) MG **fennóc** 'a scald or royston crow' (DIL s.v.) ; /fʲia,jsak/ *feusag* ainr., MG **fésóc** (DIL s.v.) ; /k'isak/ *giosag* ainr., B **kiss** ; /mʲitʰak/ *miotag* ainr. ('A GLOVE') BA **mitten** ('any kind of glove, with or without fingers' CSD s.v.) ; /mʲiũLu,ɲak/ *mulchag* ainr. ('A CHEESE') cf. NGE 'mulchán' 'cheese made from buttermilk' (Dinneen s.v.), MG **mulchán** 'some kind of cheese' (DIL s.v.) ; /sʲiẽu,ɲtak/ *sanndag* ainr. (*Ammodytes tobianus* 'SAND-EEL') cf. BA 'sandel', 'sandling', 'sandy-giddack' (= BBT 'sand-eel' : Warrack s.vv.) ; /skaLak/ *sgalag* ainr. ('A FARM LABOURER') NGT 'scológ' leis a' chéill 'tenant of (church) land, farmer' (DIL s.v. 'scolóc') ; /ũN'ak/ *uinneag* ainr., cf. SL **vindauga** (faic Cox 2000) ;

(b) eile : /a.uk/ *abhag* ainr., cf. MG **abacc** 'dwarf' (DIL s.v.) ; /as'ɣk/ *aiseag* no *aiseadh* ainr. ('A FERRY') (bt. 'aiseag'), SG **aisec** 'restoring' (DIL s.v.), gin. /as'í/ *aisidh* (bt.

¹²⁰⁹ hypocoristic

‘aiseig’); /s'jɔ.ɔk/ *seobhag* ainr., bt. ‘seabhag’ (*Falco peregrinus* ‘PEREGRINE FALCON’) SG **sebac, seboic** (cf. SB ‘heafoc’) (DIL s.v. ‘sebac’).

8.2.10.2 A’ co-fhreagairt ri SG **c** palataichte :

aig toiseach facail sa chlaonan /kʲn/ *gun* roi. (‘WITHOUT’) SG **cen** (DIL s.v.).

8.2.10.3 A’ co-fhreagairt ri SG **d** neo-phalataichte :

(a) bho mhoirfeim an ainmeir ghnìomhairich, air a riochdachadh gu fòineimeach mar /ʲk/, /uk/, /ik/, < SG **-ad, -ud** etc. : /pʲuʲLʲk/ *bualadh* agr., MG **búalad** (DIL s.v.); /ta:.ak/ *dàthadh* agr., SG **dóud, dód** (DIL s.v.); /tʲɛɛʲ.uk/ *dearbhadh* agr. (‘ARGUING’) SG **derbad** ‘testing, putting to the proof’ (DIL s.v.); /pʲa:.ik/ *pàigheadh* agr., cf. BA **pay, py**; /sʲoLʲk/ *sealladh* ainr., MG **sellad** (DIL s.v.); /tʲraskʲk/ *trasgadh* agr., SG **troscud** (DIL s.v. ‘troscad’). Ann an /tʲʳ.ʳkɔʲ/ *taghadhach* br. (‘FUSSY, PICKING’), tha an t-ainmeir gnìomhaireach /tʲʳ.ʳk/ *taghadh* againn + an t-iar-leasachan buadhaireach /-ɔʲ/ *-ach*. San ainr. /prɔNʲkan/ *pronnadhan* (‘biadh de bhuntàta pronn is im’) tha an t-ainmeir gnìomhaireadh /prɔNʲk/ *pronnadh* againn + an t-iar-leasachan meanbhanach /-an/ *-an*; san aon dòigh ann an /kʲrũ.ukan/ *cnubhadhan* ainr. (na ghlacas neach eadar ceithir meòirean agus òrdag, ‘A LARGE PINCH’, m.e. de theatha) bidh e coltach gu bheil ainmeir gnìomhaireach */kʲrũ.uk/ **cnubhadh* againn + an t-iar-leasachan meanbhanach /-an/ *-an*, cf. /kʲrũ.an/ *cnubhan* ainr. (‘KNUCKLE’ de dh’alt meadhain agus de dh’alt barra nam meòirean¹²¹⁰);

(b) bho mhoirfeim a’ ghnìomhair chumhaich, air a riochdachadh gu fòineimeach mar /ʲk/, /uk/, /ik/, < SG **-ad** etc. : /rɛʲʲk/ *rachadh* gr. cumh., cf. MG cumhach 3 sg. **no ragad, -rachadh** (DIL s.v. ‘téit’); /fʲ.ik/ *faigheadh* gr. cumh.; /vʲaraʲ.uk/ *mharbhadh* gr. cumh.;

(c) eile : /aʲʲk/ *achadh* ainr. (‘AN OUT-FIELD’) SG **achad** (DIL s.v.); /a:rʲk/ *àradh* ainr., cuideachd /fa:rʲk/ *fàradh*, SG **árad** (DIL s.v.); /kʲʰ ñNʲʲk/ *cinneadh* ainr., SG **ciniud** (DIL s.v.); /ʲ dʲe:tʲʲk/ *an dèideadh* ainr., cf. SG **détidu** ‘toothache’ (DIL s.v. ‘dét’);

/t'er'xk/ *deireadh* ainr., SG **dered** (DIL s.v. 'deired'); /ĩm'xk/ *iomadh* br., SG **imdae** (DIL s.v. 'imdae'); /m[uru]x'xk/ *Murchadh* ainr. dil., SG **Murchad** (MacBain td. 404 s.v. 'Murdoch'); /p^hεk^h'xk/ *peacadh* ainr., SG **peccad, peccath** (DIL s.v. 'pec(c)ad'); /Rαv'xk/ *rabhadh* ainr., cuideachd /R'xvi/ *rabhaidh* ainr., SG **robud, robuth** (DIL s.v. 'robud').

8.2.10.4 A' co-fhreagairt ri SG **ng** :

/lαLα]xαk/ *alchag* ainr. ('CHOPPING-BLOCK FOR WOOD') cf. dh'fhaodadh SG **alchaing** 'rack for hanging weapons' (DIL s.v.); /k^hũ.uk/ *cumhang* br., MG **cumung, cumucc** (DIL s.v. 'cumung'); /fuL'xk/ *fulang* agr., SG **fulang** (DIL s.v.).

8.2.10.5 (bhon mhoirfeim ghnìomhaireach, air a riochdachadh gu fòineimeach mar /xk/, /uk/, /ik/) a' co-fhreagairt ri SG **m** :

/k^hakn'xk/ *cagnadh* agr., MG **cocnam** (DIL s.v.); /fr'ihαL'xk/ *frithealadh* agr., MG **frithálam, frithólad** (DIL s.vv. 'fritháilem' 'fritháiled'); /lir'ijm'xk/ *irmeadh* agr., bt. 'iomradh', ('ROWING' de bhàta) SG **imram** (Th. § 733); /muí:ik/ *maoidheadh* agr. ('THREATEN, GRUDGE') SG **moídem** 'threatening, promising' (DIL s.v.); /s[ur]jN'xk/ *suaineadh* agr. ('WRAPPING'), cf. SG **súainem** 'rope, cord, string' (DIL s.v.).

8.2.10.6 (bhon mhoirfeim ghnìomhaireach) a' co-fhreagairt ri SG nialas :

/t^hokr'xk/ *togradh* agr. ('WISHING, PLEASING') cf. NGE 'togra' (Dinneen), SG **tocra** 'act of desiring; desire' (DIL s.v.); /t^hu.uk/ *tughadh* ainr. & agr., MG **tugae**, cuideachd **tuige** (DIL s.v. 'tugae').

8.2.10.7 A' co-fhreagairt ri SG nialas (ach gun a bhith bhon mhoirfeim ghnìomhaireach) :

/ul'xk/ *uileadh* br. (a' leantainn an ainmeir, 'ALL'; cf. /ul'x/ *uile* br. a' tighinn ron ainmeir, 'EVERY'), SG **uile** (DIL s.v.), chan eil bunachadh an /-k/ soilleir san fhacal seo.

¹²¹⁰ of the middle and end joint of the fingers

8.2.10.8 A' co-fhreagairt ri SL ð :

/nʲ hɛrʲk/ na *Hearadh* ainr. dil., ‘probably from O[ld] N[orse] **Herað** or pl[ural] **Heruð** (Oftedal 1956 : 59) ; ann an /ɛrʲkɔx/ *Earadhach* ainr. dil. (‘A HARRISMAN’), tha an t-ainmear dileas */ɛrʲk/ **Earadh* (bho /nʲ hɛrʲk/ na *Hearadh*) againn, plus an t-iar-leasachan /-ɔx/ *-ach* ; /kɑ:ʳʲk/ *gàrradh* ainr. (‘balla criche de chlachan no de dh’fhàl’, ‘A DYKE’) SL cusp. **garð** (faic Cox 1992 : 138).

8.2.10.9 A' co-fhreagairt ri B, BA /kʰ/ :

/atak/ *adag* ainr. (‘STOOK OF CORN’) B **haddock** (leis an aon chèill : O’Rahilly 1927 : 15) ;
/atak/ *adag* ainr. (*Melanogrammus aeglefinus* ‘HADDOCK’) B **haddock**, agus faic C. Ó Baoill 1994 : 182 ; /stamak/ *stamag* ainr., BA **stamack**, **stammach**.

8.2.10.10 Freumh-eòlas neo-shoilleir :

/kʰuruk/ *currac* ainr., cf. dh’fhaodadh BA ‘curch’ ; /fa:lʲk/ *fàileadh* ainr., cf. SG **ahel**, **ael** (DIL s.v. ‘ahel’) ; /fasʲk/ *fasadh* ainr., gin. /fasi/ *fasaidh*, eileamaid ann an ainmean-àite, a rèir W.J. Watson (1904 : lxxix, 211) leis a’ chèill ‘a dwelling’ ; /fe:lʲk/ *fèileadh* ainr., dh’fhaodadh bho MB **veile** (‘A COVERING FOR THE HEAD’ : O’Rahilly 1927 : 20-1) ; /mʲnʲk/ *monadh* ainr., cf. Cuim. ‘mynydd’ ; /pʰɑ.ak/ *pathadh* ainr., a rèir MacBain s.v. ‘padhadh’ na riochd analaigeach¹²¹¹ bho /pʰɑ:tʰɔx/ *pàiteach* br.

8.2.11 /kʰ/ gun bheum

8.2.11.1 A' co-fhreagairt ri SG c(c) neo-phalataichte :

/ʃnʲkʰʲrʲ/ *anshocair* ainr., cf. /sɔkʰʲrʲ/ *socair* br., MG **socair** (DIL s.v.).

¹²¹¹ analogical form

8.3 Suathaich

8.3.1 /v/ gun bheum

8.3.1.1 A' co-fhreagairt ri SG nialas :

aig toiseach facail san roimhear ro-chlaonach¹²¹² /vɔ/ *bho*, SG **ó, úa** (Th. § 435).

8.3.1.2 A' co-fhreagairt ri SL **v** :

/mɛ̃Lʁvɑk'/ *Mealabhaig* ainr. dil. (ainm baile 'MELVAIG') a rèir W.J. Watson (1904 ; 227-8) bho SL **melar-vík**, is dòcha 'camas murain' ; /kʰɑmʁs 'trɔLʁvɑk'/ *Camas Trolabhaig* (ainm àite-thuineachaidh 'CAMUSTROLVAIG') leis an eileamaid shònrachaidh bho SL **troll-vík** 'goblin bay' a rèir W.J. Watson 1904 : 228.

8.3.2 /f/ gun bheum

8.3.2.1 A' co-fhreagairt ri SG **f** :

san roimhear ro-chlaonach /fɔ/ *fo*, SG **fo**.

8.3.2.2 A' co-fhreagairt ri SG nialas :

/fɔs/ *fos* bt. 'os', SG **ós** (Th. § 436).

8.3.2.3 A' co-fhreagairt ri B, BA /f/ aig toiseach lide a tha gun bheum ron lide le beum :

/fi'l'etik / *fileadaig* gr. àithn. ('FILLET') B **fillet**.

¹²¹² proclitic

8.3.3 /ǵ/ gun bheum

8.3.3.1 A' co-fhreagairt ri SG **g** palataichte :

/ĩɑ_ɨvɑǵ'/ *iomhaigh* ainr., MG **ímáig** (DIL s.v.).

8.3.3.2 A' co-fhreagairt ri SG **d** (neo-shèimhichte) palataichte :

aig toiseach facail san roimhear ro-chlaonach /ǵ'ε/ *dhe*, SG **đi** (Th. § 435) ; aig deireadh facail ann an /kLɑs'ǵ'ɔǵ'/ *glaisgheoidh* ainr. iol., bt. 'glas-gheòidh' ('GREYLAG GEESE' *Anser anser*).

8.3.3.3 A' co-fhreagairt ri SG **th** palataichte :

/ĩɑ_ɨLɑǵ'/ *eunlaith* ainr., SG **énlaith** (DIL s.v.).

8.3.3.4 A' co-fhreagairt ri SG **m** palataichte :

/er' 'L'εL^hǵ'/ *air leth-làimh* ('ONE-ARMED'), cf. /Lǵ:ǵ'/ *làimh* ainr. (le ginearalachadh den tabh. no den àireimh dheise¹²¹³), SG cusp. **láim**, ain. sg. **lám**, nas fhadalaiche cuideachd **láim** (DIL s.v. 'lám').

8.3.3.5 A' co-fhreagairt ri SG **cht** :

/k^hũ:d^hrɑǵ'/ *contraigh* ainr., MG **contract** (DIL s.v.).

8.3.3.5 Freumh-eòlas neo-shoilleir :

ann an /Rɑ.ɑRSɑǵ'/ *Ratharsaigh* ainr. dìl. (ainm eilein 'RAASAY'), dh'fhaodadh an /-ɑǵ'/ aig deireadh facail a bhith a' co-fhreagairt ri SL øy ('eilean').

¹²¹³ dual

8.3.4 /x'/ gun bheum

8.3.4.1 A' co-fhreagairt ri SG g palataichte :

/apix'/ *abaich* br., SG **apaig** (DIL s.v.); /tul'ix'/ *duilich* br., MG **doilig, duilig** (DIL s.v. 'dilig'); /k^hǎnix'(x)/ *ceannaich(e)* ainr., SG **cennaige** 'merchant, trader' (DIL s.v. '1 cennaige'); /mǎlix'(x)/ *malaich(e)* ainr. ('AN EYEBROW') cf. SG cusp. tabh. sg. **malaig** (DIL s.v. 'mala'); /s'ii:ix'(x)/ *sithich(e)* ainr. ('A FAIRY') cf. MG **sídaige, síthaige** (DIL s.v.); /fur'ix'/ *fuirich* gr. àithn., MG gr. làth. **fuirigid** (DIL s.v. 'fo-rig'); /m̃srix'/ *miosraich* gr. àithn., bt. 'measraich ('JUDGE, ESTIMATE'), SG **mesraigid** 'estimates; adjudges' (DIL s.v.). Gheibhear /x'/ cuideachd sa ghinideach de chuid de dh'ainmearan : /u:tix'/ *aodaich* ainr. gin., SG gin. sg. **étaig** (Th. § 280), agus san deireadh fhacail iolra /-ix'xn/ *-(a)ichean* (faic § 7.4.3.8 (iii) (a)); agus san deireadh fhacail ghnìomhaireach /-ix'/ *-(a)ich* (faic § 7.4.3.8 (iii) (b)).

8.3.4.2 A' co-fhreagairt ri SG d palataichte :

/kr'iq̃siox'(x)/ *greusaich(e)* ainr., cf. MG **grésaide** 'a shoemaker, an embroiderer' (DIL s.v.).

8.3.4.3 A' co-fhreagairt ri SG ch neo-phalataichte :

/pu:r'ix'/ *bùirich* agr. ('BELLOWING, ROARING' de dhaimh fèidh) cf. MG **búirech** (DIL s.v. '1 búirech'); /m̃:l'ix'/ *mèilich* agr. ('BLEATING' de chaoraich) SG **meglech** (DIL s.v. 'meiglech'); /s'it^hrix'/ *sitrich* agr., MG **sitrech** (DIL s.v.).

8.3.4.4 A' co-fhreagairt ri SG dch palataichte :

/x' ¹Nq_hx'(x)/ *an ath-oidhch(e)* ainr. & cgr., cf. /[x̃i]x'(x)/ *oidhch(e)* ainr., SG cusp. tabh. sg. **aidchi** (DIL s.v. 'adaig').

8.3.4.5 A' co-fhreagairt ri SG **m** :

/akalix'/ *agallaich* ainr. ('ANTICS, CAPERS') *cf.* is dòcha SG **ac(c)aldam** 'address, colloquy' (DIL s.v. 'acallam').

8.3.5 /y/ gun bheum

8.3.5.1 A' co-fhreagairt ri SG **d** (neo-shèimhichte) neo-phalataichte :

/ya/ *dha* roi., bt. 'do', SG **do** (Th. § 435) ; /yos/, cuideachd /os/, *gus* nr. *cf.* SG **co** roi.

8.3.5.2 Freumh-eòlas neo shoilleir :

/yat/, cuideachd /kat/, *ged* nr. ; /yon/ *gun* nr., bt. 'far' ; /yon/ *gun* nr., bt. 'gar', 'gar nach', 'ged nach'.

8.3.6 /x/ gun bheum

8.3.6.1 A' co-fhreagairt ri SG **ch** neo-phalataichte :

/u:ɔx/ *aodach* ainr., SG **étach** (DIL s.v.) ; /k'ɑLɔx/ *gealach* ainr., NGT **gelach** (DIL s.v.) ; /L'ɛn^hɛx/ *leithneach* ainr. ('A RECLUSE') SG **leth** + **nech** (DIL s.vv.) ; /s̃ɛ:ɔx/ *sàmhach* br., MG **sámach** 'in a state of repose, ... at rest' (DIL s.v.) ; /faLɔx/ *falach* agr., MG **folach** cuideachd **falach** (DIL s.v. '1 folach') ; /x'm̃ɛ:rɔx/ *a-màrach* cgr., bt. 'a-màireach' MG **imbàrach, immàrach** (DIL s.v. 'bàrach').

8.3.6.2 A' co-fhreagairt ri SG **c** neo-phalataichte :

/xa/, cuideachd /ha/, *cha* mion-fhacal àich., SG **nicon, nicon**.

8.3.7 /s/ gun bheum

8.3.7.1 A' co-fhreagairt ri SG s(s) neo-phalataichte :

/as/ às roi. ron alt., cf. SG **as(s)in(d)** etc. (Th. § 834) ; /as/ anns roi. ron alt., cf. SG **is(s)in(d)** etc. (Th. § 842) ; /ʁs/ is copail làth., cf. SG copail làth. 3 sg. **is** ; /ar^hɔʁʁs/ aithreachas ainr., cf. SG **aithrechus** (DIL s.v.) ; /k^hʁi^hnas/ coibhneas ainr., SG **coibnius** ‘blood relationship’ (DIL s.v.) ; /k^hʁi^hs^has/ coinnseas ainr. (‘CONSCIENCE’) cf. NGT **a choinsēis** (‘Engl[ish] loanword’ : DIL s.v. ‘coinsias’) ; /k^hɔkʁs/ cogas ainr. (‘NASAL SINUS’) MG **cocúas** ‘cavity, hollow’ (DIL s.v.) ; /fa:Rl^hɔs/ agus /fa:l^hɔs/ fàirleus ainr. (‘CHIMNEY VENT’) MG **forlés** (DIL s.v.) ; /k^hu.us/ giuthas ainr. (*Pinus sylvestris* ‘FIR, PINE’, cuideachd ‘BOG-FIR’) SG **giús** ‘a fir-tree, a pine’ (DIL s.v.) ; /sɔLʁs/ solas ainr., MG **solas** ainr. (DIL s.v. ‘solus’) ; /L^he.is/ leigheas agr., MG **leges** (DIL s.v. ‘leiges’) ; /taxʁs/ tachras agr. (‘dèanamh snàth na cheirsle’, ‘WINDING YARN INTO CLEW’) MG **tochrus** (DIL s.v.) ; /huyuts(ʁ)/ thugads(a) riochd. roi. 2 sg., SG **cuccut-su** (Th. § 433).

8.3.7.2 A' co-fhreagairt ri SL s :

/L^ho:ʁs/ Leòdhas ainr. dil., cf. SL **Ljóðhús** sna sagathan ; /uk^hʁs/ ucas ainr. (‘FULL GROWN COALFISH’ cf. Oftedal 1956 : 360 s.v. ‘ucas’, Campbell 1958 : 252 s.v. ‘ucsa’, *Pollachius virens*) SL ***uksi**, caochlach de **ufsi**, **upsi** (Lockwood 1961 : 128-31, Christiansen 1963 : 62-5).

8.3.7.3 A' co-fhreagairt ri B, BA /s/ :

/pɔk^hʁs/ bocas ainr., **B box** ; /s^hʁi^hmʁs/ Seumas ainr. dil., **B James**.

8.3.7.4 A' co-fhreagairt ri B, BA /z/ :

/pr^hi.is/ briteas ainr., **B breeze** ; /p^hu:Lʁs/ pùlas ainr., bt. ‘bùlas’, (‘A POT-HANDLE’) BA **bools** ; /Lukʁs/ lugas ainr. sg. (*Arenicola marina* ‘LUGWORM’), dh’fhaodadh bho B iol.

lugs ; /p^hl̥iɑ₁rʝs/ *peuras* ainr. sg. ('A PEAR'), dh'fhaodadh na ais-riochdachadh bho iol. B **pears** ; /p^hLũ:mʝs/ *plùmas* ainr. sg. ('A PLUM'), dh'fhaodadh na ais-riochdachadh bho /p^hLũ:mʝs'/ *plùmais* iol. bho B **plums**, BA **plooms** ; /spɔrʝs/ *sporas* ainr. sg. (iol. : /spɔrʝs'/ *sporais*) (*Passer domesticus* 'SPARROW', cuideachd 'eun beag donn de sheòrsa sam bith'), an riochd sg. sa G. dh'fhaodadh bho BA iol. **sporrrows**.

8.3.7.5 A' co-fhreagairt ri B, BA /θ/ :

/k^henas/ *Ceineas* ainr. dil. (meas-ainmeach airson 'Coinneach'), is dòcha bho B **Kenneth**.

8.3.7.6 Freumh-eòlas neo-shoilleir :

/pr'it^hʝs/ *briotas* agr. ('WHISPERING, TALKING IN LOW VOICE') ; /k^hɑLk^hɔs/ *calcos* ainr. ('OAKUM'), cuideachd /k^hɑLk^hʝk/ *calcadh* agr. ('CRAMMING'), dh'fhaodadh bho B 'caulk', ach cf. NGE 'calcaim' (Dinneen s.v.) ; dh'fhaodadh bho GA 'agus' ann an /k^hl̥iui₁t^hʝs/ *cuidhteas* roi. ('RID OF'), mas ann bho B, BA 'quit' + GA 'agus' a tha e ; /l̥ou₁Lʝs/ (le /L/) *obhlas* ainr. ('cù', de mheud sam bith), cf. dh'fhaodadh B 'howls' ; /Rɔ:k^hʝs/ *ròcas* ainr. ('CARRION CROW' *Corvus corone*) cf. MB **rook**, ach a rèir MacBain s.v. 'from Norse hrókr' ; /rũngʝs/ *rungas* ainr. sg. ('A BAR, RUNG') cf. B, BA **rung** ; /spl'e.urs/ *spleabhars* ainr. ('LARGE AND SHAPELESS PERSON OR ANIMAL').

8.3.8 /s'/ gun bheum

8.3.8.1 A' co-fhreagairt ri SG s(s) palataichte :

/pẽnis'/ *banais* ainr., MG **banais** (DIL s.v.) ; /k^hũ:tis'/ *cunntais* ainr. ('AN ACCOUNT') MG gin. sg. **cuntais** (DIL s.v. 'cuntas') ; /ekLʝs'/ *eaglais* ainr., SG **eclais**, **eclas** (DIL s.v.) ; /ir'is'/ *iris* ainr. ('HEN-ROOST', agus 'ROPE-BAND' airson cliabh a ghiùlan) MG **iris** 'a thong or strap (from which a shield, bag, etc. is suspended)' (DIL s.v. 'iris') ; /t'i.is'/ *dithis* riochd. ('TWO PERSONS') SG tabh. **diis** (DIL s.v. 'días') ; /mẽl'is'/ *meilis* br., bt. 'milis' SG **milis**

(DIL s.v.); /t^her'is'/ *teiris* gr. easbh., bt. 'tairis', ('SETTLE!', ri bò) *cf.* SG **terissem**, **tairissem** agr. 'standing fast' (Th. §§ 733, 823).

8.3.8.2 A' co-fhreagairt ri SG **s(s)** neo-phalataichte :

/ɛ̃nɔs'/ *anfhois* ainr. bho 'an-' agus 'fois', SG **foss** (DIL s.v.) ; /t^hɛ̃.ɣs'/ *deamhais* ainr. sg. ('SHEEP SHEARS') MG **demess** (DIL s.v. 'deimes').

8.3.8.3 A' co-fhreagairt ri B, BA /s/ :

/pr'ikis'/ *briogais* ainr. ('WOMAN'S KNICKERS, PLUS-FOUR TROUSERS, BACK-BELT IN HORSE HARNESS') BA **brecks** ; /turk^has'/ *durcais* ainr. ('PLIERS') BA **turkas** 'a pair of pincers or pliers' (CSD s.v.) ; /f[ɣr'ɣ]pɣs'/ *Foirbeis* ainr. dil. (fine¹²¹⁴) BA **Forbes** (MacBain td. 400) ; /fu:RNas'/ *fùirneis* ainr., BA **furnas** ; /s'ɛr'e]vas'/ *seirbheis* ainr., B **service**.

8.3.8.4 A' co-fhreagairt ri B, BA /ʃ/ :

/ɛ:RNas'/ *èirneis* ainr. ('FURNITURE'), bt. 'àirneis', BA **harnish**, **herness**.

8.3.8.5 A' co-fhreagairt ri B, BA /rs/ :

/tra.as'/ *drabhais* ainr. sg. ('LONG UNDERPANTS, KNICKERS') B **drawers**.

8.3.8.6 Freumh-eòlas neo-shoilleir :

/a:l'as'/ *àileis* agr. ('PLAYING' de chloinn, no de bheathaichean òga, laoigh no uain) ; /ɛ:RLas'/ *eàrlais* ainr. ('ARLES-PENNY, EARNEST MONEY'), bt. 'eàrlas' agus 'àirleas', *cf.* BA **erle**, **arle** (CSD s.v. 'arle') = BBT 'earnest' ; /^lfɛtXLos'/ *feadchluais* agr., bt. 'farchluais' ('EAVESDROPPING') ; /k^hru:L'as'/ *griùilleis* ainr. ('A GRIN') ; /Rɔ.ɣs'/ *rothais* gr. àithn. ('LOOK FOR, SEEK OUT').

¹²¹⁴ a surname

8.3.9 /h/ gun bheum

8.3.9.1 A' co-fhreagairt ri SG **th** :

/s'ĩɑjɾɑhɔx/ *sia-ràitheach* ainr. ('A SIX-QUARTER-OLD BEAST'), cf. /ɾɑ:hi/ *ràithe* ainr., MG **ráithe** (DIL s.v.).

8.4 Sònaraich

8.4.1 /m/ gun bheum

8.4.1.1 A' co-fhreagairt ri SG **m(m)**, **m(b)** neo-phalataichte :

(i) aig toiseach facail : /mar/, /marʰ/, /manʰ/, *mur* nr., cf. SG **mani** ; /mʰ/ *mo* ro-sheilbheach, SG **mo**. Le freumh-eòlas neo-shoilleir /mas/ *mus* nr., cf. dh'fhaodadh SG 'mus', 'mos' (Th. § 384).

(ii) gu h-iar-fhuaimreagach : /akʰm/ *agam* riochd. roi. 1 sg., SG **ocum**, **ocom** (Th. § 436) ; /pɑLɑjʰkʰm/ *balgam* ainr. ('làn beòil') NGT **bolgum** (DIL s.v.) ; /kʰɑLʰm/ *Calum* ainr. dil., MG **Colum(b)** ; /kʰɔrʰʰm/ *cothrom* ainr., SG **comthrom** (DIL s.v.) ; /fɑrʰʰm/ *fathram* ainr., bt. 'faram' ('NOISE') cf. NGE 'fothram' (Dinneen s.v.) SG **fothrom**, **fothromm** (DIL s.v. 'fothromm') ; /wɔ:trʰm/ *aotrom* br., SG **étromm** (DIL s.v.).

8.4.1.2 A' co-fhreagairt ri SG **m(m)** palataichte :

(i) aig toiseach facail : /ma/ *mu* roi., SG **imb**, **imm** ;

(ii) gu h-iar-fhuaimreagach : /kʰɑrʰʰm/ *caithream* ainr., ('fuaim mòr bruidhne') MG **caithréim** 'martial career ; triumph' (DIL s.v.) ; /kʰutʰʰm/ *cuideam* ainr. ('WEIGHT') SG **cutrummae** 'equal weight or amount' (DIL s.v.) ; /fʰɑ:Lʰm/ *foghlam* ainr., SG **foglaim(m)** (DIL s.v. 'foglaimm') ; /u.im/ *uidheam* ainr., SG, MG, **aidemm**, **adimm**, **adim** etc. (DIL

s.v. ‘aidemm’); /t^hirʲɣm/ *tioram* br., SG **tirim** (le **i** ghoirid, riochd caochlach¹²¹⁵ de SG ‘tirim’) (DIL s.v. ‘tirim’); /t^hut^hɣm/ *tuiteam* agr., SG agr. **toth(a)im(m)** (Th. § 735), MG **tuitim** (DIL s.v.).

8.4.1.3 A’ co-fhreagairt ri SG **d** neo-phalataichte :

/k^hiRɣm/ *ciorram* ainr. (‘A PHYSICAL HANDICAP’) SG **cirriud** ach cuideachd **cirrad** ‘act of mangling, maiming’ (DIL s.v.).

8.4.1.4 A’ co-fhreagairt ri B, BA /m/ :

/pɔɪ^hɣm/ *botam* ainr. (‘ANTIFOULING’ air eathar) B, BA **bottom**; /t^hɔɪ^hɣm/ *tòtam* ainr. (‘WHIRLIGIG, TOP’) BA **totum** (= BBT ‘teetotum’).

8.4.1.5 Freumh-eòlas neo-shoilleir :

/iRɣm/ *iorram* ainr. (‘CONTINUOUS WHINING’ de choin) cf. Dw. s.v. ‘iorram’: ‘Tedious rhyme... Anything said repeatedly’.

8.4.2 /N/ **gun bheum**

8.4.2.1 A’ co-fhreagairt ri SG **nn, nd** neo-phalataichte :

/at^hɣN/ *aiteann* ainr., (*Juniperus communis* ‘JUNIPER’) SG **aittenn** ‘furze, gorse’ (DIL s.v.); /k^hu:RɣN/ *caorrann* ainr. (t. deas) (bt. ‘caorann’) (*Sorbus aucuparia*, ‘ROWAN’) SG **cáerthann** (DIL s.v.); /k^hLakɣN/ *clagann* ainr., bt. ‘claigeann’ MG **cloicend** (DIL s.v. ‘cloicenn’); /k^hrak^hɔN/ *cracann* ainr. (bt. ‘craiceann’) MG **croicend, crocenn, craicend** (DIL s.v. ‘croiccenn’), ach iol. /k^hrak^hnɣN/ *cracnan* ainr. iol. (‘SKINS’ sa chumantas de chaoiraich no de dh’fhèidh; ‘TRIPE’); /ferɣN/ *fearann* ainr., SG **ferand** (DIL s.v. ‘ferann’); /L^hex^hɣN/ *leth-cheann* ainr. (‘SIDE OF THE FACE’), SG **leth + cenn** (DIL s.v.); /mũl^hɣN/

¹²¹⁵ variant

muileann ainr., SG **muilend** (DIL s.v.); /por'ɣN/ *boireann* br., MG **boinenn** (DIL s.v.).

Gheibhear /N/ cuideachd san roimhear /aɪN'N/ *ann an*.

8.4.2.2 A' co-fhreagairt ri SG **nn, nd** palataichte :

/ĩ:s'ɔN/ *innseann* ainr., bt. 'uinnseann' (*Fraxinus excelsior* 'ASH') MG tabh. sg. **uindsind** (DIL s.v. 'uinnius').

8.4.2.3 A' co-fhreagairt ri SG **dn** neo-phalataichte :

/tɔ:v'ɣNɔX/ *dò-bhliadhnach* ainr. ('beathach dà bhliadhna a dh'aois'), cf. /p'ɪ'ɣ'Nɣ/ *bliadhna* ainr., SG cusp. tabh. **blíadn(a)j** le còmhlan **dn** (Th. § 293).

8.4.2.4 A' co-fhreagairt ri SG **n** neo-phalataichte :

/u:r'ɣN/ *aodann* ainr., SG **étan** (DIL s.v.); an eileamaid /pra:.aɪN/ ann an /LɔXaɪN ɪtu nə 'pra:.aɪN/ *Lochan Dubh na Bràthann* (ainm-àite) le gin. /pra:.aɪN/ *bràthann* 'QUERN' cf. SG gin. sg. **broon** (DIL s.v. 'bró'); /pu'ɣ'ɔN/ *buidheann* ainr., SG **buiden** (DIL s.v.); /tã'ɣ'ɣN/ *daingeann* br., SG **daingen** (DIL s.v.); /jɔ:.oɪN/ *Eòghann* ainr. dil., SG **Eogan** (MacBain td. 400 s.v. 'Ewen'); /ɪ'ɣ'ɣ'N/ *iarrann* ainr., bt. 'iarann', SG **iarn** (DIL s.v.); /L'jɔ:.oɪN/ *leòghann* ainr., bt. 'leòmhan' SG **léoman** (DIL s.v. 'léo').

8.4.2.5 A' co-fhreagairt ri SG **ng** neo-phalataichte :

/ɛsk'ɣN/ *easgann* ainr., SG **escung** (agus faic C. Ó Baoill 1994 : 169).

8.4.2.6 A' co-fhreagairt ri MB **n** :

/m'ɣ'ɪ'ɣ'N/ *maighdeann* ainr., MB **magden, maiden**.

8.4.3 /n/ gun bheum

8.4.3.1 Ann an cuid de ro-chlaonain :

/nʲ/ *na* alt ; /nʲ/ *na* ro-sheibheach, bt. ‘ar’ ; /nʲ/ *na* ro-sheibheach, bt. ‘ur’ ; /nʲ/ *na* roi. + alt, bt. ‘don’ ; /nax/ *nach* nr.

8.4.3.2 A’ co-fhreagairt ri SG **n** neo-phalataichte :

(a) ann an ainmearan iolra le deireadh facail gun bheum /-ʲn/, am beachd Uí Bhuachalla (1988) bhon mhoirfeim ain. cusp. tabh. iol. SG ann an *n*-stuic **-en**, **-an**, faic § 7.9.3.3 ;

(b) san iar-leasachan mheanbhanach /-an/ *-an*, seann **-án**, **-ín**, faic § 7.1.4.1 ;

(c) san an deireadh-fhacail /-in/ a gheibhear mar fhuaimneachadh caoch. ri /-iN’/ san agr. : /pr’i.in/ agus /pr’i.iN’/ *bruidhinn* ; /f ɛk^hin/ agus /f ɛk^hiN’/ *faicinn* ; /t^hi.in/ agus /t^hi.iN’/ *tighinn* ;

(d) eile : /t̪ɛu₁ran/ *amhran* ainr., bt. ‘òran’ MG **amrán** (DIL s.v.) ; /u:t’an/ *aoidean* ainr. (‘A LEAK’) SG **é-** + **dín** (DIL s.v.) ; /aran/ *aran* ainr., MG **arán** (DIL s.v.) ; /eí’an/ *eilean* ainr. (‘ISLAND’) MG **ailén**, **oilén** (DIL s.v. ‘ailén’) ; /pr’ek^hI’in/ *breac-lin* ainr. (‘A COD NET’), cf. /L’ ʃi₁n/ *lìon* ainr., SG **lín** (DIL s.v. ‘2 lín’) ; /i.an/ (dà-lideach) *Iain* ainr. dil.¹²¹⁶ (‘JOHN’) MG **Ió(i)n** (DIL s.v.) ; /mí.an/ *meadhan* ainr., SG **medón** (DIL s.v.) ; /mũs’k’ʲn/ *muisgean* ainr. (*Ensis siliqua* ‘RAZOR-FISH’), dh’fhaodadh bho SG **muir** + **scían** ; /N’ ʃ.ʲn/ *nighean* ainr., SG **ingen** ; /t^h ʃi:N’t’an/ *teinntean* ainr. (‘A HOB’) MG **tinntén** (DIL s.v.) ; /L’ ehen/ *leathan* br., SG **lethan** (DIL s.v.) ; /p’l’e.un/ fuaim. caoch. *bleoghan* agr., SG **blegon**, nas tràithe **mlegon** agr. (DIL s.vv.) ; /tũ:ntan/ *daondan* cgr. (bt. ‘daonnan’) SG **d’oendán** (DIL s.v. ‘dán’).

¹²¹⁶ proper noun

8.4.3.3 A' co-fhreagairt ri seann **n** palataichte :

(a) san deireadh fhacail iol. /-inin/, /-inʷn/ bho sheann */-inʷn/ : /kʷĩuᵝrinin/ *geamhraidhnean* ainr. iol. ; /sʷtʷu:rinin/ *stiùraidhnean* ainr. iol. ('QUEER IDEAS') ;

(b) eile : /eĩʷn/ *eilean* ainr. ('MANNERS') bt. 'oilean' MG **ailemain, oilemain** (DIL s.v. 'ailemain') ; /tʷi'kʷhĩuᵝtin/ *Diciadain* ainr. dil. cf. SG **cét-áin** (DIL s.v. '2 áin') ; /tʷĩNʷn/ *innean* ainr. ('ANVIL') MG **indeóin** (DIL s.v.). Mar thoradh air eadar-chàradh ann an /mʷĩlʷuᵝkʷhin/ *muilcin* ainr., bt. 'muinichill' SG **mu(i)nchille** (DIL s.v. 'muinchille').

8.4.3.4 A' co-fhreagairt ri SG **d** neo-phalataichte :

/tʷhũ:Ntan/ *tionndan* agr., bt. 'tionndadh', SG **tintúd**, nas fhadalaiche **tin(n)tód, -ád** (DIL s.v. 'tintúd').

8.4.3.5 A' co-fhreagairt ri seann **rn** tro eadar-chàradh bho SG **-rann** :

san fhacal /Latʷnʷ/, /Latʷnʷ/ *ladana* agr. ('CHEEKY ; BAD'), riochdan a chluinnear an Gl. còmhlà ri /LatʷRNʷ/ *ladarna*, cf. MG **latrand** 'robber, thief' (DIL s.v. 'latrann'), agus NGT 'latranta' leis a' chèill 'full of robbers' (DIL s.v. 'latranda'), is dòcha gu robh cinneachadh ann */Latrʷnʷ/ > /LatʷRNʷ/ > /Latʷnʷ/ no /Latʷnʷ/ le call ais-lùbaidh agus feart an vèilearachaidh.

8.4.3.6 A' co-fhreagairt ri SL **n** :

/isʷpan/ *isbean* ainr. ('SAUSAGE OR PUDDING SKIN') a rèir MacBain s.v. 'isbean' bho SL **ispēn** 'a sausage of lard and suet'.

8.4.3.7 A' co-fhreagairt ri SL **r** :

dh'fhaodadh fo bhuidh /skʷĩɑᵝn/ *sgian* ainr., ann an /tʷhʷrʷsʷkʷin/ *toirsgian* ainr., SL **torfskeri**.

8.4.3.8 A' co-fhreagairt ri B, BA /n/, /ŋ/ :

/pe:sin/ *beusain* ainr., B **basin** ; /popan/ *boban* ainr., B **bobbin** ; /p^hut^hɔn/ *putan* ainr., B **button** ; /k^hit^s'in/ *cidsin* ainr., B **kitchen** ; /k^hɔt^han/ *cotan* ainr., B **cotton** ; /k^hu:Rstan/ *cùrtan*, *cùirtean* ainr., B **curtain** ; /te:k^hɔn/ *deucon* ainr., B **deacon** ; /fɑ:Rdin/ *fàrdain* agus /fɑ:Rdiŋ/ *fàrdaing* ainr., BA **farding** ; /flanin/ *flanain* ainr. ('FLANNEL') BA **flannin** ; /fɔrɤn/ *foran* br., B **foreign** ; /tusan/ *dusan* ainr. agus br., B **dozen** ; /L[ũ]Ntɤran/ *lanntaran* ainr., B **lantern** ; /lɔ:sin/ *lòsain* ainr. ('A PANE OF GLASS') BA **lozen, losing** ; /meɤisɤn/ *meadasan* ainr. ('LAXATIVE') B, BA **medicine** ; /mɔ:l'ɤs'k'in/ *mòileisgin* ainr., B **moleskin** ; /ɤiɤl'ɤs'k'ɤn/ *oidhlisgean* ainr., B **oilskin** ; /p^hr[ai]p^han/ *praidh-pan* ainr., ais-riochdachadh bho B **fry(ing)-pan** ; /p^hrɔhan/, /p^hrɔ.an/ *prothan* ainr. ('deoch de uisge blàth is min choirce air a cur troimhe', do chrodh) BA **prowan, provan** ('food, provender' : SND s.v. 'prowan') agus **provand, prowant** ('provisions, appar[ently] esp[ecially] horse-fodder' : DOST s.v. 'provand') ; /Re:sɔn/ *reusan* ainr., BA **raison, reason** ; /Rɔtɔn/ *rodon* ainr. ('A RAT') BA **ratton, rottan** etc. ; /s'ĩɑjmɤlan/ *siamarlan* ainr. ('FACTOR' air oighreachd) BA **chamberlain** 'the factor of an estate' (CSD s.v.) ; /SNũ:s'an/ *snaoisean* ainr., BA **sneeshin** (=BBT 'snuff') ; /stɔk^hin/ *stocain* ainr., B **stocking**.

8.4.3.9 A' co-fhreagairt ri B, BA /nt^h/ :

/fe:sin/ *feusain* ainr. (*Phasianus colchicus* 'PHEASANT') B **pheasant**.

8.4.3.10 A' co-fhreagairt ri B, BA /nd/ :

/tɤiɤmɔn/ *daimean* ainr., B **diamond**.

8.4.3.11 Freumh-eòlas neo-shoilleir :

/ũnɤn/, /ũNɤn/ *aonan* ainr. (bt. 'a h-aon'), bho SG **oénán** am beachd Borgstrøm (1942 : 44) ; /peL'eman/ *beilleaman* agr. ('NATTERING, BICKERING') ; /k^hɤ.ɤn/ *Cadhan* no *Coidhean* ainr. dil. (meas-ainmeach air 'Coinneach') ; /k^h[ou]l'in/ *cobhlain* ainr. ('bonn

airgid de luach glè bheag’); /kʰ:hʷmʷn/ *gaothaman* ainr. (M.: ‘CHIMNEY COWL, WEATHER-COCK’) *cf.* Dw. ‘gaothran’ leis a’ chèill ‘a fan’, SG **gáeth** (DIL s.v. ‘2 gáeth’); /ũĩnʷɔn/ *uinnean* ainr. (‘AN ONION’) is dòcha bho MG **uinneman** (DIL s.v.), ach *cf.* B ‘onion’.

8.4.3.12 Gheibhear /n:/ fada aig deireadh facail san riochd iolra de chuid de dh’fhaclan, ann an saor-chaochlaideachd ri /nʷn/ (no uaireannan /nin/):

